

**Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh MG ALBA**

Oifisean Deloitte, Dùn Èideann

Diardaoin 17/5/18, 0930-1500

Dreachd geàrr-chunntas

**Bòrd:** Daibhidh Brew (*sa Chathair*) Màiri Kidd  
Donaidh MacAmhlaidh Dùghall MacAmhlaigh

**Luchd-obrach:** Dòmhnall Caimbeul (*Àrd-Oifigear, puingeon 1 – 14*)  
Niall M Greumach (*Stiùiriche Ionmhais*)  
Nicola Pearson (*Cunntasair Stiùiridh*)  
Iseabail Nic an t-Sagairt (*Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd, airson puing 10*)  
Mairi Anna NicAonghais (*a' sgrìobhadh geàrr-chunntas*)

**An làthair:** Luchd-sgrùdaidh Deloitte (*puingeon 14-20*)

**Gnothaichean gnàthach**

**1 Leisgeulan**

Cha robh gin.

**2 Gnothach Dearbhte**

Cha robh gin.

**3 Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 1/2/18**

Aontaichte.

**4 Gnothaichean ag èirigh**

***Plana Leantainneach Gnothaich***

- 4.1 Chaidh a chomharrachadh, mar shamhla de dheagh-chleachdadh, mar a ghairm Cathraiche a' Buidhinn-obrach Leantainneach Ghnothaich, am Manadsair Gnìomhachais, coinneamh sa bhad nuair a dh'fhàg Stiùiriche Obrachaidh na buidhne a dhreuchd agus mar a chaidh plana

leantainneach ghnòthaich a chur an gnìomh, agus chaidh fàilte a chuir air an deagh chleachdadh seo.

### ***Ofcom***

- 4.2 Chaidh a dhaingneachadh gu bheil Ofcom air co-dhùnadh, bho seo a-mach, nach gabh iad uallaichean seachad air na tha mar fhiathachadh orra fon Achd Conaltraidh 2003 agus Achd Craolaidh 1990. Tha sin a' ciallachadh nach bi iad a' toirt seachad aonta ach air na ghnòthaichean a dh'fheumas iad gu reachdail, leithid àireamhean agus teirmichean luchd-obrach, cur an-dreuchd luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh agus cur an dreuchd buill ùra. Feamaidh iad fhathast maoin MG ALBA a ghabhail mus tèid a shaoradh gu MG ALBA, ach cha gabh iad cùmhnantan no uallaichean eile co-cheangailte ris an tabhartas bliadhnail bho Riaghaltas na h-Alba.
- 4.3 Chaidh aithneachadh gu faodadh seo ceist a thogail air cò am buidheann no an roinn a bha mar ghoistidh (sponsor) air MG ALBA, oir ged a tha Riaghaltas na h-Alba a' maoineachadh MG ALBA is ann fo reachdas Westminster (Achd Conaltraidh 1990 agus Achd Craolaidh 1990) a tha ùghdaras a' tighinn.
- 4.4 Chaidh aontachadh gum biodh e feumail pàipear lèirsinn a dhealbhadh airson deasbad le Ofcom, an t-seirbheis chatharra agus ministearan agus gun deigheadh coinneamhan a chumail gu cunbhalach tron bhliadhna leatha. Chaidh aontachadh an tuilleadh còmhradh a dhèanamh mu dheidhinn san ùine air thoiseachd. (Gnìomh: NMG)

### ***PACT***

- 4.5 Chaidh innse nach robh Teirmichean Malairt na buidhne fhathast foillsichte agus gun robhas an dòchas adhartas a dhèanamh le PACT air na rudan a bha a' togail dragh dhaibh. Chaidh aontachadh nach robh adhbhar ann gun a bhith a' foillseachadh nan tèirmichean mar a tha iad agus thèid iad air làrach-lìn na buidhne. (Gnìomh: MAMI)
- 4.6 Chaidh aithneachadh, fo na Teirmichean Malairt a tha aontaichte airson coimiseanadh taobh a-muigh nam Pasgain, gum bi MG ALBA a' pagheadh a-mach a-rithist airson prògraman a cheadachadh airson ath-chraoladh às dèidh 5 bliadhna. Chaidh ceist a chur am bu chòir am BBC a bhith a' pàigheadh nan cosgaisean sin, mas e cosgaisean craolaidh a tha annta seach cosgaisean riochdachaidh. Thèid coimhead air a' cheist sin. (Gnìomh: IMT)

### **Comataidh Screen Unit Alba Cruthachail**

- 4.7 Dh'innis Cathraiche na Comataidh gum bi e a' sgrìobhadh pàipear goirid airson na h-ath choinneamh de Chomataidh Sgrion Alba Chruthachail air 8/6/18, ag innse carson a bu chòir do riochdaire bho MG ALBA a bhith air a' Chomataidh agus a' moladh gun tèid sin a ràdh ri bòrd Alba Chruthachail.

## **5 Clàr Riosgan**

- 5.1 Bha pàipear agus clàr riosgan air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 5.2 Am measg nam prìomh riosgan a bha air èirigh chun ha h-ìre as àirde, bha an t-suidheachadh maoineachaidh anns an robh BBC ALBA, gu h-àraid leis an fhios a bha a' tighinn bhon BhBC nach robh am BBC an dùil airgead a chur mu choinneimh stuthan ùra Gàidhlig a' chruthachadh airson BBC ALBA ann an co-bhonn leis an t-seanail ùr. Tha sin a' fàgail gu feum gach cosgais airson uairean a bharrachd bhon BhBC airson BBC ALBA tighinn a-mach à buidseat BBC ALBA, a tha mu thràth gann.
- 5.3 Bha a' Chomataidh den bheachd gur e suidheachadh cunnartach a bha seo, an dà chuid a thaobh fallaineachd BBC ALBA mu choinneimh na h-ìomadh dùbhlain agus cuideachd mu choinneimh ìre coileantachd na geallaidhean a thug am BBC seachad mu BhBC ALBA.
- 5.4 Bha a' Chomataidh làidir den bheachd gu robh ceist ann mun urram a bha am BBC – ann an gnìomh - a' toirt do BhBC ALBA. Chaidh aontachadh gun deigheadh pàipear le fios, roghainnean agus molaidhean airson plana-gnìomh mu choinneamh a' Bhùird air 7/6/18. (Gnìomh: DC)

## **6 Aithisg bhliadhnail HR**

Bha aithisg air beulaibh bhall agus thug an t-Àrd-Oifigear iomradh air. Chaidh an aithisg a chomharrachadh agus chaidh na puingeon seo a thogail:

- Chaidh fàilte a chur air àireamhan tinneis isle na buidhne;
- Chaidh fàilte a chur air na bhathas a' dèanamh le luchd-obrach a thaobh slàinte-inntinn agus ro-uallach (stress);
- Bha aithneachadh ann gu feumadh leasannan ionnsachadh bho dhubhlain, gu h-àraid bho shuidheachaidhean far nach robh stiùirichean cho mothachail 's a b' urrainn dhaibh a bhith air uallaichean a bha an luchd-obrach a' giùilain;

- Bha a’ Chomataidh toilichte fhaicinn mar a bha roinnean obrach ag obair còmhla ann dòighean sùbailte gus fuasglaidhean a lorg mar sgiobaidhean; agus
- Ged nach robh beàrn pàighidh ann eadar bhoireannaich agus fhireannaich a’ tha a’ dèanamh an aon obair, bha beàrn pàighidh mheadhanach (median) agus chuibhseach (average) ann, agus chuireadh a’ Chomataidh fàilte air leasachaidhean a leanadh gu co-ionannachd aig a h-uile ìre den bhuidheann. Chaidh aithneachadh gu robh mòran a’ crochadh air cumadh a’ mhargaidh obrach aig àm fastaidh, agus gum b’ urrainn a bhith a’ sònrachadh ann an sanasan gun robhas a’ cur fàilte gu h-àraid air boirreannaich no fireannaich (mar eisimpleir, ann an dreuchdan no aig ìrean pàighidh far a bheil boirreannaich / fireannaich anns a’ bheag chuid).

## **7 Poileasaidhean**

- 7.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le tionndadh às ùr de chuid a phoileasaidhean na buidhne airson aonta agus chaidh deasbad a chumail.

### *Poileasaidh Solarachaidh agus Sgeama Thairgse*

- 7.2 Chaidh aontachadh gun deigheadh seo ath-chuairteachadh a’ sealltainn nan atharraichean a chaidh a dhèanamh (tracked changes) agus gun deigheadh fios gu buill mu luach nan cùmhnantan (non-programme) ann an 2017/18 a bha a’ tuiteam bho raon a’ phoileasaidh. (Gnìomh: NMG)

### *Còd Coimiseanaidh*

- 7.3 Chaidh aontachadh coimhead às ùr ris a’ Chòd nuair a bhiodh an tuilleadh soilleireachadh ann le ar suidheachadh leis a’ BhBC agus sa cho-theacsa nas fharsaing co-cheangailte ri coimiseanadh. (Gnìomh: NMG)

### *Còd giùlain nam Ball*

- 7.4 Chaidh sgioblachadh no dhà a mholadh agus thèid ath-chuairteachadh, a’ sealltainn atharrachaidhean (marked changes). (Gnìomh: NMG)

## **8 Sgrùdadh in-thaigh 2017/18 – Na Meadhanan Sòisealta**

Bha pàipear air beulaibh bhall a’ mìneachadh susbaint agus clàr ama gus poileasaidh na meadhanan sòisealta a chuir air chois agus an uair sin ìre coileantachd a chur fo dheuchainn. Chaidh aontachadh an sgrùdadh atharrachadh bho dheireadh an t-luchair gu Earrach 2019

gus ùine a thoirt don phoileasaidh a stèidheachadh ann an gnìomh. Thèid pàipear a chuir fa chomhair na Comataidh san t-Samhain. (Gnìomh: NMG)

## **9 Cuireadh gu Tagradh Sgrùdadh bhon Taobh a-muigh**

Le cùmhnant 5 bliadhna an luchd-sgrùdaidh a' tighinn gu crìoch le sgrùdadh 2017/18, bha pàipear agus dreachd Cuireadh gu Tagradh air beulaibh na Comataidh. Chaidh aontachadh gun deigheadh Cathraiche agus Iar-Cathraiche na Comataidh air pannal agallamh. An dèidh obair ceartachaidh air rud no dhà, chaidh aontachadh ris a' Chuiridh. Thèid gluasad gu sgiobalta gu sanasachd. (Gnìomh: NMG)

## **10 Ath-shuidheachadh de bhuidseat gnèithean phrògraman**

10.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' sireadh aonta atharrachadh buidseat fo Riaghailt Ionmhas A.4.5. Cheadaichidh seo ùrachadh a dhèanamh air *idents* na seanail.

10.2 Dh'aontaich a' Chomataidh fon ùghdarras tiomnaichte aca £75k a ghluasad bho bhuidseat *Rights, Repeats & Contingencies* gu buidseat *Graphics & Idents*, air cùmhnant gun cuireadh am BBC an aon suim ris.

10.3 Chaidh aontachadh leis a' Chomataidh gum biodh aonta a' Bhùird iomchaidh mus deigheadh an obair fhèin air adhart. Thèid pàipear air beulaibh a' bhùird air 7/6/18. (Gnìomh: IMT)

## **11 Buidheann-obrach èifeachdas**

11.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air a' bhuidheann-obrach a chaidh a stèidheachadh agus le fiosrachadh air mar a tha cùisean a' gluasad gu ruige seo.

11.2 Chaidh innse dhan Chomataidh gu bheileas a' dèanamh adhartas, a dh'aindeoin nach robh uidheamachd ùr *Playout* a' BhBC, a bhathas an dùil (a rèir na h-aithisg) a cheadaichidh *pilot* air fo-thiotalan fèin-obrachichte (automated), fhathast comasach agus gum biodh bathair-bog ùr a dhìth. Tha èifeachdas ri lorg anns na sruthan-obrach a tha ann an-dràsta airson a bhith a' cleachdadh fo-thiotalan, ach cha bu chòir dùil a bhith ann ri sàbhalaidhean mòra ionmhasail. Bidh Bòrd na Co-bhanntachd a' coinneachadh ro dheireadh an Ògmhios, far am bi dùil ri aithisgean adhartais. Thèid fios a chumail ris a' Chomataidh. (Gnìomh: NMG)

## **12 Aithisg Bhliadhnail na Comataidh 2017/18, clàr-obrach na Comataidh 2018/19 & Fèin Mheasadh na Comataidh**

12.1 Bha Aithisg Bhliadhna na Comataidh airson 2017/18 agus clàr-obrach na Comataidh airson 2018/18 air beulaibh bhall agus bha iad riarachtaichte leotha. Thèid iad seo a mholadh chun bhùird aig coinneamh air 7/6/18. (Gnìomh: MAMI)

12.2 Fèin-mheasadh na Comataidh – bha pàipear air beulaibh bhall, a’ toirt iomradh air na freagairtean iomlan a thàinig bho bhuill na Comataidh. Chaidh còmhradh a dhèanamh air na h-earrannan far an robhar den bheachd a dh’fhaodadh leasachadh a thighinn. Thèid fa-near a thoirt do na molaidhean seo agus thèid seo air beulaibh a’ bhùird air 7/6/18. (Gnìomh: MAMI)

12.3 Chaidh moladh, airson aire a’ bhùird:

- Gum biodh e feumail nam biodh plana trì bliadhna aig a’ bhuidheann, mar a tha aig buidhnean eile, gus am faicear dè tha comasach am bliadhna agus dè tha ri choileanadh às dèidh sin;
- Gum b’ urrainn mòran de dh’obair na Comataidh a choileanadh far-loidhne (off-line) – mar eisimpleir, atharrachadh phoileasaidhean
- Gum b’ urrainn cuid de pàipearan a bhith nas cuideachail – mar eisimpleir, a bhith a’ sònrachadh san pàipearan dè bha air atharrachadh nuair a bha poileasaidhean gan ath-nuadhachadh;
- Gun urrainn coimhead air dè an goireas a bha dhìth gus pàipearan agus clàran gnothaich ullachadh gu h-èifeachdadh;
- Gun fheum smaointinn air ciamar a thèid barrachd ùine a thoirt seachad air na cuspairean as cudromaiche;
- Gu feum coimhead air na rudan seo thairis air gach comataidh agus a’ bhùird gus am mathas agus an luach as fheàrr fhaighinn a-mach à buill neo-ghnìomhach (non-execs)

## **13 GDPR**

13.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a’ mìneachadh nan ceumannan a tha am buidheann a’ gabhail gus dèanamh cinnteach gu bheileas a rèir an lagh mus tig riaghailtean ùra GDPR a-steach air 25/5/18.

- 13.2 Bha a’ Chomataidh riarachtaichte le na bathas a’ dèanamh gus poileasaidhean na buidhne fhaighinn deiseil. Dh’iarr buill daingneachadh bhon sgioba àrd-stiùiridh gu bheil na ceumannan iomchaidh gan gabhail gus dèanamh cinnteach gu bheil na daoine a tha ag obair dhan bhuidheann bhon taobh a-muigh a’ gèilleadh a rèir an lagh. (Gnìomh: DC)
- 13.3 Chaidh aontachadh gu feumadh na poileasaidhean co-cheangailte ri GDPR a bhith air an cuairteachadh air p-d le buill na Comataidh agus dheigheadh iad an uair sin air beulaibh a’ bhùird airson aonta air 7/6/18 (Gnìomh: MAMI)

Aig an ìre seo, thàinig luchd-sgrùdaidh Deloitte chun na coinneimh. Dh’fhàg luchd-obrach MG ALBA airson seisean prìobhaideach eadar a’ Chomataidh agus an luchd-obrach bhon taobh a-muigh. Aig deireadh an seisean, cha do nochd gnothach sam bith a dh’fheumadh a chomharrachadh.

#### **14 Aithisgean Ràitheil – Q4 2017/18**

Chaidh iad seo a chomharrachadh agus bha buill riarachtaichte.

#### **15 Cunntasan bliadhnail (dreachd)**

- 15.1 Bha dreachd de na Cunntasan Reachdail airson na bliadhna gu 31 Màrt 2018 air beulaibh bhall. Thug an Stiùiriche Ionmhais iomradh orra agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh aontachadh an tuilleadh mìneachaidh a dhèanamh fo phuing 3 gus soilleireachadh a dhèanamh air ‘going concern basis’. (Gnìomh: NMG)

- 15.2 An dèidh deasbaid san fharsaingeachd, cho-dhùin a’ Chomataidh na cunntasan a mholadh chun Bhùird.

#### **16 Aithisg an luchd-sgrùdaidh chun Chomataidh**

- 16.1 Bha aithisg air beulaibh bhall a’ daingneachadh gum biodh an luchd-sgrùdaidh a’ toirt seachad beachd nach robh cuspairean, atharraichean no foillsichidhean susbainteach a bharrachd a dhìth air na Cunntasan Reachdail. Chaidh mìneachadh a dhèanamh agus chaidh deasbad a chumail.

16.2 Fo phuing mu riosg, chaidh aontachadh gu robh feum air pàipear a dhol air beulaibh a' bhùird air 7/6/18 gus siostam riosg foirmeil (formalised risk hierarchy) a stèidheachadh. (Gnìomh: NMG)

16.3 Chaidh aontachadh ri atharrachadh ann am poileasaidh cunntasachd co-cheangailte ri gluasad bho ìsleachadh luach (depreciation) bliadhnaile gu ìsleachadh luach mìosail. (Gnìomh: NMG)

16.4 An dèidh moladh no dhà a thoirt seachad, chaidh innse gu robh an luchd-sgrùdaidh den bheachd gu robh siostaman agus cunntasan na buidhne iomchaidh agus gu robh iad gan cuir air adhart chun Bhùird mar a bha iad. Chaidh èifeachdas obair ionmhais na buidhne a chomharrachadh.

## **17 Aithisg Bhliadhnaile 2017/18**

Bha dreach de earrannan na h-Aithisg Bhliadhnaile air beulaibh bhall. Chaidh soilleireachadh iarraidh ann am paragraf ann an aithisg a' Chathraiche. Thèid seo a chuir an sàs agus thèid a sgaoileadh air a' Chomataidh. Bidh tionndadh eile air beulaibh a' bhùird agus an luchd-sgrùdaidh aig coinneamh a' Bhùird air 7/6/18. (Gnìomh: MAMI)

## **18 Aithisgean air leth**

Cha robh gin ann airson a' chairteal seo.

## **19 GISBE**

*Trèanadh Onboard* – bha fiosrachadh air beulaibh bhall mu chùrsaichean Onboard.

Dheigheadh coimhead ri seo agus dheigheadh fiosrachadh a shireadh bho Riaghaltas na h-Alba air lethid de chùrsaichean. (Gnìomh: MAMI)

**Deit na h-ath choinneimh – 6/9/18, Glaschu**

*Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:*

*Deit:*